**Plana Gnìomha Plana Gàidhlig Earra-Ghàidheal is Bhòid 2027-2032**

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomradh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| Seirbheisean Chustamairean is Didseatach | | | | | |
| 1.1 | Seirbheisean Chustamairean is Didseatach | Tairgse ghnìomhach airson seirbheis chustamairean a sholarachadh ann an Gàidhlig. | Leanar a' freagairt ann an Gàidhlig do 100% de litrichean a gheibhear ann an Gàidhlig. | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Sheirbheisean Taic Chustamairean |
| 1.2 | | | Cuidichean bhiortail dà-chànanach math air an leasachadh tarsainn shianalan guthach Eadar-lìn is Conaltradh Chustamairean | Iuchar 2027 | Ceannard Sheirbheisean Taic Chustamairean |
| 1.3 | | Susbaint didseatach dà-chànanach | Susbaint làraich-lìn ri fhaotainn ann an Gàidhlig agus an t-susbaint a' coileanadh gnàthachasan litreachaidh na Gàidhlig. | Faoilleach 2027 | Ceannard Sheirbheisean Taic Chustamairean |
| 1.4 | | Branndadh / dearbh-aithne Gàidhlig air an leasachadh | Bidh Gàidhlig air a làn in-chorpachadh do bhranndachd na Comhairle. | Lùnastal 2027 | Ceannard Sheirbheisean Taic Chustamairean |
| 1.5 | | Tha soidhneachd air oighreachd na comhairle dà-chànanach. | Leanaidh soidhneachd chorporra na comhairle uile dà-chànanach. | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Sheirbheisean Taic Chustamairean |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomradh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| Leasachadh Sgioba-obrach | | | | | |
| 2.1 | Leasachadh Sgioba-obrach | Sgrùdadh Sgilean Gàidhlig Chosnaichean | Sgrùdadh sgilean Gàidhlig crìochnaichte. | Ògmhios 2028 | Ceannard Sheirbheisean Taic Chustamairean |
| 2.2 | | Slighean Ionnsachaidh (Tòiseachadh – Eadar-mheadhanach – Dreuchd-shònraichte) | Leasachadh 8 Mòidealan LEON a bharrachd do luchd-obrach na Comhairle, gus an cleachdadh Gàidhlig aig an obair agus nan coimhearsnachdan a mheudachadh. | Tro bheatha a' Phlana | Manaidsear Choimhearsnachdan is Com-pàirteachais |
| 2.3 | | Slatan-tomhais Trusaidh do phrìomh dhreuchdan | Bidh dreuchdan sa bheil Gàidhlig mar shlat-tomhais riatanach no ion-mhiannaichte, air an sanasachadh gu dà-chànanach. | Tro bheatha a' Phlana | Manaidsearan trusaidh uile. |
| 2.4 | | Pròtacalan eadar-theangachaidh air an taobh a-staigh | Tha fiosrachadh soilleir aig oifigearan mu stiùireadh is faotainneachd eadar-theangachadh Gàidhlig. | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Sheirbheisean Taic Chustamairean |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomr adh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| 2.5 | Tar-shealladh corporra den Phlana Ghàidhlig | Tha tar-shealladh is sgrùdadh aig Àrd-Stiùirichean is Luchd-poilitigs air lìbhrigeadh a' Phlana. | Coinneamhan ràitheil de dh'oifigearan cunntachail agus Stiùiriche Poileasaidh. | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Sheirbheisean Taic Chustamairean |
| Foghlam | | | | | |
| 3.1 | Fastaidhidh sinn Oifigear Ceangail Teaghlaich airson Gàidhlig ann an Sgìrean Cànain Shònraichte ainmichte (ASL), gus taic a thoirt do chlann agus do theaghlaichean ann an ionnsachadh a' chànain. | Oifigear Ceangail Teaghlaich (FLO) do Sgìrean Cànain Sònraichte ainmichte (ALS). | Bidh Oifigear Ceangail Teaghlaich (FLO) air fhastadh ann an Sgìrean Cànain Sònraichte (ASL) sa bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GMPE). | Tro bheatha a' Phlana. | Ceannard Foghlaim |
| 3.2 | Co-obraichidh sinn le Buidhnean Nàiseanta agus solaraichean e-ionnsachadh, gus ionnsachadh agus eòlasan sgoilearan Gàidhlig àrdachadh. | Modh-obrach co-òrdanaichte le buidhnean ionnsachaidh air-loidhne gus solar GM àrdachadh agus lasachadh an aghaidh às-làthaireachd thidsearan. | Dàta bliadhnail air conaltradh le ionnsachadh air-loidhne bho gach suidheachadh a tha a' solarachadh foghlam Gàidhlig. | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Foghlaim |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomr adh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| | | | | | |
| 3.3 | Dèanaidh sinn cinnteach gu bheil poileasaidh sgoile ag àrdachadh càileachd GME/GLE.<br><br>Leasaichidh sinn pròiseactan eadar-ghluasaid do L2 Gàidhlig / GME do thràth-bhliadhnaichean agus P7 gu ÀS1. | Dèanamh cinnteach gum bi na leanas aig suidheachaidhean Gàidhlig:<br>• Feallsanachd curraicealaim do Fhoghlam Gàidhlig.<br>• Prìomhachas SIP sònraichte Gàidhlig agus luachadh ann an SQR.<br>• Foghlam Gàidhlig air a nochdadh ann an Lèirsinn, Luachan is Amasan na sgoile iomlan.<br>• Poileasaich Cheartachaidhean Mothachail<br>• Ro-innleachd Litearrachd Ghàidhlig<br>• Pròiseactan eadar-ghluasaid sònraichte Gàidhlig bho Thràth-Bhliadhnaichean gu P1 agus P7 gu Àrd-Sgoil.<br>• Eadar-ghluasadan luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ann an clustairean uile aig a bheil Gàidhlig mar L2.<br>• Aonta Ùine Obrachaidh gus 10 uairean aig a' char as lugha a | Bheir suidheachaidhean uile le foghlam Gàidhlig seachad fianais air gèilleadh do na teachdaireachdan taobh a-staigh stiùireadh leantainneach HMIE air Foghlam Gàidhlig, gus feabhas a thoirt air luchd-ionnsachaidh uile.<br><br>Bidh suidheachaidhean uile le foghlam Gàidhlig a' conaltradh le ùghdarras / cuimseachd ìre nàiseanta / prìomhachasan leasachaidh is suidheachadh thargaidean | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Foghlaim |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| Iomradh | Amas | Gnìomhan coileanaidh bhuilean | Tomhasan soirbheachaidh | Prìomh chinn-là | Stiùir |
| | | nochdadh do dh'obair roinn na Gàidhlig / clustair.<br>• Fianais air mothachadh shuidheachaidhean agus buileachadh air [Comhairle air Foghlam Gàidhlig.](#)<br>• Cuimseachd clustair an ùghdarrais ionadail air eòlasan is coileanadh ann am foghlam Gàidhlig.<br>Bidh suidheachaidhean le foghlam Gàidhlig a' conaltradh le agus a' buileachadh a' churraicealaim ùr Litearrachd is Gàidhlig. | | | |
| 3.4 | Leasachadh air modail Sgioba-Teagaisg Air-loidhne gus misneachd thidsearan agus faotainneachd air Ionnsachadh Gàidhlig 1+2, a mheudachadh.<br><br>Slighean ionnsachaidh a sholarachadh gus ceadachadh do thidsearan Earra- | Meudachadh bliadhna an dèidh bliadhna san àireamh de thidsearan a' faotainn taic. | Meudachadh beag-air-bheag san raon taic do gach ìre sa bhun-sgoil – a' cruthachadh agus a' lìbhrigeadh chùrsaichean Tràth / Ciad / Dàrna Ìre.<br>On a tha sinn air ar targaid a ruighinn de 70% de bhun-sgoiltean A&B a' lìbhrigeadh Gàidhlig mar L2/3, coimheadaidh sinn a-nis ris an àireamh de sgoiltean a mheudachadh, a tha a' solarachadh Gàidhlig mar L3 | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Foghlaim |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomradh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| | Ghàidheal is Bhòid adhartas a dhèanamh le an ionnsachadh Gàidhlig. | | ann an sgìrean far nach robh Gàidhlig ga teagasg gu h-eachdraidheil. Is iad na sgìrean targaid Ceann Tìre, Bail' Eilidh is Laomainn. Gu làithreach, tha 35% de sgoiltean sna sgìrean sin a' lìbhrigeadh Gàidhlig mar L3. Is e an t-amas seo a mheudachadh gu 55%.<br><br>Leantainn air adhart a' co-obrachadh le Comhairle na Gàidhealtachd a thaobh leasachadh air a' mhodail Sgioba-Teagasg Air-loidhne.<br><br>Ag amas air 8 gnàthaichearan A&B a chlàradh gach bliadhna air cùrsa nàiseanta GLPS no cùrsaichean Nàiseanta 4/5 / Luchd-ionnsachaidh Àrd-Ìre, a tha air an solarachadh le e-sgoil. | | |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomradh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| 3.5 | Neartaichidh sinn obair com-pàirteachais gus cultar is dualchas na Gàidhlig adhartachadh. | Ag obair le buidhnean Gàidhlig airson taic do fhileantachd is dearbh-aithne Gàidhlig. | Dàta conaltraidh an ùghdarrais ionadail is sgoiltean le buidhnean nàiseanta a tha a' cur taic ri cultar na Gàidhlig m.e. Spòrs Gàidhlig, Tobar an Dualchais, Ionad Chaluim Chille Ìle, is eile. | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Foghlaim |
| 3.6 | Ainmichidh sinn sgìrean sgoile do GMPE. | Bidh sgìrean sgòile ainmichte aig suidheachaidhean làithreach GMPE. | Bidh sgìrean sgoile ainmichte aig suidheachaidhean uile a' lìbhrigeadh GME. | Mar a tha Achd nan Cànan Albannach 2025 ag òrdachadh. | Ceannard Foghlaim |
| 3.7 | Nì sinn measadh air sgìrean airson GM ELC agus GMPE mar a dh'iarras coimhearsnachdan agus òrdaichte leis an lagh. | A rèir ghnìomhan Achd nan Cànan Albannach, thèid sgìrean sgoile do GME a dhearbhadh.<br>Thèid iarrtasan a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a mheasadh airson ion-obrachas. | Bidh sgìre sgoile ainmichte aig suidheachaidhean uile a tha a' lìbhrigeadh GME.<br>Thèid iarrtasan airson GME a mheasadh a rèir an reachdais. | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Foghlaim |
| 3.8 | Obraichidh sinn le co-obraichean ann an Leasachadh Sgioba-Obrach Òg (DYW) agus Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) air | Bidh sinn a' dèanamh cinnteach às na tachartasan dhreuchdan do sgoilearan GME/GLE air an eagrachadh le DYW agus SDS, a' beachdachadh air feumalachdan is dòchasan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bhon 2$^{na}$ ìre gu an ìre as àirde. | Tachartasan bliadhnail gus cothroman dreuchdail adhartachadh do luchd-labhairt na Gàidhlig agus oileanaich. | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Foghlaim |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomr adh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| | Tachartasan Dhreuchdan Gàidhlig. | | | | |
| 3.9 | Cuiridh sinn taic ri luchd-teagaisg agus luchd-obrach eile gus teisteanasan fhaotainn ann an Gàidhlig a leanas gu eòlasan nas fharsainge do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. | Taic ionmhasail do luchd-obrach a tha airson crìoch a chur air N4, N5, Àrd-Ìre, Àrd-Ìre Adhartach, SVQF 7 is 8 ann an Gàidhlig, leis an tuigse gum faigh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig buannachd às. Bidh iadsan a chuireas crìoch air SVQF 7 is 8 airidh air sin a dhèanamh taobh a-staigh an latha obrach. | Gheibh luchd-obrach fa leth taic ionmhasail gus mòidealan buntainneach a chrìochnachadh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig / Foghlam Luchd-ionnsachaidh àrdachdh barrachd, sna sgoiltean / nàbaidheachdan. Solarachadh agus sanasachadh shlighean trèanaidh leithid cùrsaichean GLPS. | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Foghlaim |
| 3.10 | Tidsearan Gàidhlig ann an Tùs-Thrèanadh Thidsearan (ITE) a mhisneachadh gus A&B a thaghadh mar cheann-uidhe don bhliadhna NQT aca agus às a dhèidh. | An EO agus EM airson Foghlam Gàidhlig ri tadhal air solaraichean ITE san t-Samhain gach bliadhna, airson bruidhinn ri oileanaich. | Conaltradh leantainneach le solaraichean ITE le riarachadh cunbhalach bliadhnail de thidsearan NQT. | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Foghlaim |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomradh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| | | | | | |
| 3.11 | Sanasan obrach na comhairle do luchd-obrach foghlaim uie ri 'Gàidhlig ion-mhiannaichte' a ghabhail a-steach anns na slatan-tomhais beachdachaidh airson cosnadh. | Bidh 'Gàidhlig ion-mhiannaichte' air a ghabhail a-steach ann an sanasan do luchd-obrach foghlaim, mura h-eil fileantachd Gàidhlig a dhìth. | Tuigidh tidsearan de raon de chuspairean an fheum air spèis don Ghàidhlig taobh a-staigh an raon-dleastanais. | Tro bheatha a' Phlana | Ceannard Foghlaim |
| 3.12 | An àireamh de dh'oileanaich GM a mheudachadh, a tha a' faotainn teisteanas nàiseanta Gàidhlig. | Manaidsearan Foghlaim agus oifigearan ri dàta Gàidhlig a dheasbad le SLT ann an àrd-sgoiltean le GME, gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman do sgoilearan air teisteanasan ann an Gàidhlig fhaotainn, air an làn mheudachadh. | An àireamh sa cheud de sgoilearan GME BGE a gheibh NQ ann an Gàidhlig ann an ÀS4, ri meudachadh bho 68% gu 85%. | Ro dheireadh beatha a' Phlana. | Ceannard Foghlaim |
| Coimhearsnachd, Cultar agus Tachartasan | | | | | |
| 4.1 | Coimhearsnachd, Cultar agus Tachartasan | Taic do agus àrdachadh air obair com-pàirteachais eadar buidhnean is eagrachaidhean Gàidhlig tarsainn na sgìre. | 4 pròiseactan co-obrachail tro Chom-pàirteachas Earra-Ghàidheal is Bhòid. | Ro dheireadh beatha a' Phlana. | Manaidsear Planaidh is Leasachadh Coimhearsnachd |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomr adh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| 4.2 | | Taic do thogail comas dhaoine fa leth agus / no buidhnean ionadail, mar a thèid iarraidh. | Taic ga thoirt do 30 coimhearsnachd Ghàidhlig no buidheann trreas-phàrtaidh. | Tro bheatha a' Phlana | Manaidsear Planaidh is Leasachadh Coimhearsnachd |
| 4.3 | | | 8 buidhnean ùra air an leasachadh a tha a' cur taic ri coimhearsnachd àite no le ùidh ann an cleachdadh air Gàidhlig a mheudachadh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. | Tro bheatha a' Phlana | Manaidsear Planaidh is Leasachadh Coimhearsnachd |
| 4.4 | | | Conaltradh air-loidhne a' fàs le luchd-labhairt agus buidhnean Gàidhlig, le meudachadh 20% air conaltradh le Fòram Gàidhlig Earra-Ghàidheal air Facebook agus rannsachadh leasachadh air meadhanan sòisealta eile. | Ro 2032 | Manaidsear Planaidh is Leasachadh Coimhearsnachd |
| 4.5 | Dèanamh cinnteach gun lean Cruinneachadh Gàidhlig Earra-Ghàidheal gus conaltradh agus com-pàirt coimhearsnachd a chomasachadh ann an | Cruinneachadh Gàidhlig ga chumail gach 2 bhliadhna. | Reataichean riarachaidh do luchd-frithealaidh nas àirde na 80% | 2028 | Ceannard Sheirbheisean Taic Coimhearsnachd / Manaidsear Planaidh is Leasachadh |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| Iomradh | Amas | Gnìomhan coileanaidh bhuilean | Tomhasan soirbheachaidh | Prìomh chinn-là | Stiùir |
| | agus mu dheidhinn Gàidhlig. | | | | Coimhearsnachd |
| Leasachadh Eaconamach | | | | | |
| 5.1 | Aoigheachd a thoirt do Mhòd Nàiseanta shoirbheachail. | Taic do cho-òrdanachadh agus rèiteachaidhean do Mhòd an Òbain 2028 | Tachartas soirbheachail air a chumail | Mòd an Òbain 2028 | Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach |
| 5.2 | | Obrachadh le càch gus com-pàirt anns a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail adhartachadh gu gnìomhach. | Stuthan agus gnìomhachdan co-adhartachaidh air an ullachadh agus air an cuairteachadh. | An ceann-là ri tachairt aig Mòd an Òbain 2028 | Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach |
| 5.3 | | Obrachadh le càch gus frithealadh aig Mòd an Òbain 2028, adhartachadh. | Tha àireamhan frithealaidh dearbhach. | An ceann-là ri tachairt aig Mòd an Òbain 2028 | Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach |
| 5.4 | Pròifil agus faicsinneachd nas àirde don Ghàidhlig agus dà-chànanas a leasachadh ann an roinnean coimearsalta, reic, biadh is deoch agus turasachd. | Stiùireadh air ullachadh agus air adhartachadh. | Gàidhlig a stèidheachadh mar àbhaisteach ann am beachdachadh air roinn gnothachais no iomairt eaconamach adhartachadh | Leantainneach tro bheatha a' Phlana. | Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach |
| 5.5 | Barrachd leasachaidh air Gàidhlig a ghabhail a-steach ann an | Stiùireadh air ullachadh agus air adhartachadh. | Tha stuthan adhartachaidh turasachd a' cleachdadh Gàidhlig, air meudachadh. | Leantainneach tro bheatha a' Phlana. | Ceannard Leasachaidh is Fàs |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomr adh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| | adhartachadh Earra-Ghàidheal is Bòd mar cheann-uidhe turasachd. | | | | Eaconamach / Co-chomann Turasachd Earra-Ghàidheal 's nan Eilean |
| 5.6 | Làn mheudachaidh a dhèanamh air buaidh eaconamach na Gàidhlig aig tachartasan / fèisean air an cumail ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. | 2 thachartas gach bliadhna aig a' char as lugha m.e.Cruinneachadh Chomghall, Fèis Ciùil Mhuile Chinn Tìre.<br><br>Tha tagraidhean gu tachartasan ro-innleachdail agus maoin fhèisean a' gabhail a-steach cuideam a dh'ionnsaigh Gàidhlig, agus bidh feum air aithris air ais mar phàirt de dheireadh air sgrùdadh pròiseict. Solaraichidh sinn sgrùdaidhean cùise gus seo adhartachadh mar a bhith iomchaidh. | Bidh pròifil nas àirde aig buannachdan eaconamach cultar na Gàidhlig agus dà-chànanas. | Bliadhnail | Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach |
| 5.7 | Cuideachadh ann an leasachadh air buaidh eaconamach a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail. | Lìbhrigeadh air 1 sgrùdadh buaidh eaconamach ann an co-bhonn leis a' Mhòd. | Sgrùdadh crìochnaichte | 2029 | Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach |
| 5.8 | Earra-Ghàidheal is Bòd adhartachadh mar àite airson obair Film ia TBh a ghabhail os làimh, | Earrann Gàidhlig a chruthachadh air ar làrach-lìn shònraichte film is tbh. | Earrann Gàidhlig air a chruthachadh. | tbc | Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomr adh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| | anns a bheil Gàidhlig agus a cultar na lùib. | | | | |
| 5.9 | Brosnachadh agus taic do chleachdadh air Gàidhlig taobh a-staigh obair CHARTS. | Tha CHARTS na bhall de Bhuidheann Stiùiridh Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle. | Co-obrachadh air co-dhiù 1 phrògram / tachartas. | Gach bliadhna | Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach |
| 5.10 | Buannachdan an lùib cleachdadh na Gàidhlig ann an gnothachas adhartachadh tro sgrùdaidhean cùise agus soidhneadh gu goireasan. | Comas a rannsachadh a thaobh duilleag Ghoireasan Gàidhlig a chruthachadh, air an làraich-lìn comhairle as iomchaidh. | Duilleag-lìn air a cruthachadh, air adhartachadh agus air a cleachdadh le gnothachasan no soidhneadh air a dhèanamh faicsinneach. | Ro 2028 | Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach |
| Sgìrean Cànain Sònraichte | | | | | |
| 6.1 | Gèilleadh do stiùireadh reachdail a thaobh Sgìrean Cànain Sònraichte. | Ullachadh pròiseas co-chomhairleachaidh reachdail do Sgìrean Cànain Sònraichte a tha a' coinneachadh na stairsnich cànain de 20% | Co-chomhairleachadh air a leasachadh agus foillsichte ann an co-rèir ri riatanasan reachdail. | 1 Sultain 2026 | Ceannard Sheirbheisean Taic Coimhearsnach d |
| 6.2 | | Conaltradh le agus cumail suas Buidheann Obrach ALS Earra-Ghàidheal is Bhòid gus taic a chur ri co-chomhairle agus conaltradh. | Com-pàirteachas làidir na phrìomh thaic do cho-chomhairle reachdail agus com-pàirt coimhearsnachd. | Tron phròiseas co-chomhairle, conaltraidh agus ainmeachadh an ALS. | Ceannard Sheirbheisean Taic Coimhearsnach d |

| Plana Gàidhlig 2027 – 2032 | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Iomradh** | **Amas** | **Gnìomhan coileanaidh bhuilean** | **Tomhasan soirbheachaidh** | **Prìomh chinn-là** | **Stiùir** |
| 6.3 | | Dàta stèidhichte air àite a sholarachadh don phròiseas co-chomhairleachaidh agus conaltraidh air ALS. | Feumalachdan stèidhichte air àite a' fiosrachadh a' phròiseis co-dhùnaidh mu ainmeachadh ALS. | Tron phròiseas co-chomhairle, conaltraidh agus ainmeachaidh an ALS. | Ceannard Sheirbheisean Taic Coimhearsnachd |
| 6.4 | | Beachdachadh air toraidhean a' cho-chomhairleachaidh reachdail air ainmeachadh ALS, agus molaidhean a dhèanamh. | Aithisg air a h-ullachadh le toraidhean a' cho-chomhairleachaidh, ga cumadh le buidheann obrach ALS agus air a cur air adhart gu Comataidh. | Leantainn air ùine co-chomhairleachaidh reachdail de 12-mìosan. | Ceannard Sheirbheisean Taic Coimhearsnachd |
| 6.5 | | Molaidhean ainmeachaidh ALS a chur a-steach gu Ministearan. | Moladh a thaobh ainmeachadh ALS air a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba, ann an gèilleadh don Achd. | Leantainn air ùine co-chomhairleachaidh reachdail de 12-mìosan. | Ceannard Sheirbheisean Taic Coimhearsnachd |